

# RAISEANADH AIR AODACH

Chaidh raiseanadh air aodach a thoirt a-steach ann an 1940. Bha feum air an aodach a b' àbhaist a bhith ga chleachdadh gus aodach eile a dhèanamh airson rudan na bu chudromaiche, mar èididhean, paraisiutan agus plangaidean ospadail.

Dh'fheumadh an t-aodach a bhith air a dhealbh a rèir pàtrain an riaghaltais, a bha lom agus practaigeach agus nach robh a' cleachdadh cus stuth. 'S e aodach utility a bha seo.

Bha leubail sònraichte air aodach utility (deas) gus sealltainn gun do cheadaich an riaghaltas an dealbh. Bha riaghailtean fìor theann timcheall air mar a dh'fhaodadh aodach a bhith air a dhèanamh. Mar eisimpleir, chan fhaodadh ach trì putain a bhith air seacaid boireannaich agus trì pòcaidean air seacaid fireannaich. Dh'fheumadh daoine aodach a chàradh agus atharrachadh airson gun seasadh e na b' fhaide. Bha seo na phàirt de phoileasaidh *Make-Do and Mend* an riaghaltais.

San Dàmhair 1942 sgrìobh Vogue seo:

**Tha cothrom aig na boireannaich gu lèir aodach a cheannach a tha air a dhealbh gu brèagha agus a fhreagras air am beatha agus air an teachd-a-steach. Tha e (an Sgeama Utility) na sgeama gu tur ùr agus na thogail inntinn. Gu dearbh, 's e sàr eisimpleir de dheamocrasaidh gnìomhach a th' ann.**

Leis gun robh gainnead ann de dh'aodach fasanta, dh'fheumadh boireannaich dòighean eile a lorg air iad fhèin a dhèanamh tarraingeach. Dh'fhàs iad measail air maise-gnùis, agus ann an 1942, bha sunnd nam boireannach a bha a' dèanamh armachd a' cur uallach cho mòr air Ministreachd an t-Solair, 's gun tug iad dhaibh cuibhreann de phùdar-maise agus leabhran le molaidhean air maise.

Saoilidh sinne 's dòcha gur e rud doirbh a th' ann aodach a raiseanadh, ach cuimhnich nach robh uimhir a dh'aodaichean aig daoine sna 1940an. Cha bhiodh iad gan atharrachadh no gan nighe uimhir. B' e obair chruaidh, fhada a bh' ann an nigheadaireachd. Mar bu trice bhiodh rudan mòra mar aodach leapa air an toirt gu taigh-nighe. Cha robh e ro dhaor leis gun robh smachd aig an riaghaltas air prìsean.

Aig toiseach an Dàrna Cogaidh, ann an 1939, fhuair a h-uile duine leabhar san robh 66 bileagan gus aodach ùr a cheannach. Bha leabhraichean raiseanadh aodaich pinc. Leis gun robh gainnead stuthan a' fàs na bu mhotha, chaidh an àireamh bhileagan a lùghdachadh gu 48 ann an 1942 agus an uair sin, ann an 1943, gu 36.

Cha robh raiseanadh air aodach a bha air ath-reic, agus bha aodach ga shìneadh sìos tro theaghlaichean no ga reic ri cuideigin eile.

## An àireamh bhileagan a bha riatanach airson gach pìos aodach

Aodach	Fireannach	Boireannach	Leanabh
Còta-uisge	16	15	11
Còta-mòr	7	7	4
Seacaid	13	12	8
Lèine no Blobhsa	5	4	3
Geansaidh no Cardagan	5	5	3
Briogais	3	3	2
Sgiort	-	8	6
Brògan-mòra no brògan	7	5	3
Aodach-oidhche	8	6	6
Fo-aodach	3	3	2
Stocainnean	2	2	1

